



SCOTTISH LAND COMMISSION
COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA

Plana Gnìomhachais 2023-2024

RO-RÀDH

Bidh mar a tha sealbhadaireachd againn air fearainn na h-Alba agus mar a chleachdas sinn e na phrìomh fhactar ann a bhith a' cur aghaidh air cuid de na dùbhlain poileasaidh poblach mòra ann an Alba. Tha e cudromach ann an ath-nuadhachadh eaconamach, ann a bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachd, a' toirt gu buil chòraichean daonna agus anns a' ghluasad chothromach gu cothromachadh-carboin. Tha sinn ag aithneachadh agus sinn a' planadh ar cuid obrach airson 2023-24 gu bheil tòrr atharrachaidhean a' dol air adhart aig an àm seo. Tha Riaghaltas na h-Alba air co-chomhairleachadh a dhèanamh air Bile Ath-leasachadh an Fhearainn a tha san amharc, le rùn ainmichte am Bile a thoirt a-steach dhan Phàrlamaid ann an 2023. Cuiridh an Coimisean Plana Ro-innleachdail trì-bliadhna ùr, a-steach gu Ministearan ron t-Sultain 2023 a thèid a chur an sàs leathach slighe tron bhliadhna ionmhais seo. Bidh atharrachadh air Bòrd a' Choimisein cuideachd sa bhliadhna ionmhais seo le fastadh Cathraiche ùr agus dà Choimiseanair ùr.

Tha ar Plana Gnothachais stèidhichte sa chiad dol a-mach air na prìomhachasan a tha air am mìneachadh sa Phrògram Obrach làithreach againn, a chaidh fhoillseachadh sa Ghiblean 2022, a chuireas crìoch air libhrigeadh a' Phlana Ro-innleachdail làithreach againn. Tha e cuideachd ag aithneachadh gum feum sùbailteachd a chumail tron bhliadhna gus gabhail ri atharrachadh phrìomhachasan agus a dhol a-steach gu àm an ath Plana Ro-innleachdail againn.

AR RO-INNLEACHD

Ar lèirsinn: 'gum bi againn siostam sealbh, rianachd is cleachdadh fearainn a tha cothromach, in-ghabhalach is tarbhach agus a bheir buannachdan nas fheàrr do mhuintir na h-Alba air fad.'

Na builean againn

Bidh sinn ag obair gus na builean seo a choileanadh:

1. Tha sealbh air fearann na h-Alba agus tha e air a chleachdadh ann an dòighean a tha cothromach, in-ghabhalach is tarbhach
2. Tha cothrom air barrachd de shluagh na h-Alba buaidh a thoirt agus sochairean fhaighinn bho cho-dhùnaidhean mu fhearann
3. Tha an dòigh anns am bi sinn a' cleachdadh fearann a' cruthachadh luach poblach agus sunnd eaconamach.

Coileanadh sinn na builean sin le bhith a' cur fòcas air atharrachadh ann an trì dòighean:

- Ath-leasachadh còraichean fearainn
- Ag ath-leasachadh margaidhean fearainn
- A' leabachadh sealbh agus cleachdadh fearainn ciallach.

GEÀRR-CHUNNTAS AIR AR PRÌOMHACHASAN AIRSON 2023-24

Is iad seo amasan a' Phlana Ro-innleachdail againn:

- Modhan-obrach cunntachail agus ciallach a chur aig cridhe seilbh is cleachdadh fearainn
- Gus ath-leasachadh a dhèanamh air an dòigh anns a bheil còraichean agus seilbh fearainn air an riaghladh gus luach eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail a stiùireadh, seasmhachd coimhearsnachd a neartachadh agus neo-ionannachd a lùghdachadh
- Gus cuir ri èifeachdas agus cothromachd nam margaidhean fearainn gus taic a thoirt do dh'eaconamaidh chothromach agus tairbheach.

Coileanaidh sinn iad sin le bhith a' comhairleachadh mu ath-leasachaidhean air còraichean fearainn agus margaidhean fearainn, agus air sealbh agus cleachdadh fearainn cunntachail.

Ann an 2023-24 libhrigidh sinn am prògram obrach againn le bhith:

A' toirt comhairle agus fianais do Riaghaltas na h-Alba, dhan Phàrlamaid agus do luchd-ùidh air Bile Ath-leasachadh an Fhearainn a tha air a mholadh, agus Bilean eile far a bheil sin iomchaidh, (m.e. Togail Beartas Coimhearsnachd, Àiteachas, Còraichean Daonna).	A' toirt seachad comhairle airson poileasaidh agus cleachdadh a thaobh: <ul style="list-style-type: none">• Margaidh an fhearainn dhùthchail agus eadar-ghluasad cothromach• Iomadachadh seilbh agus riaghladh fearainn• Leasachadh agus ath-nuadhachadh fearainn a' toirt taic do libhrigeadh NPF4.	A' neartachadh buileachadh Còraichean is Dleastanasan Fearainn (Land Rights and Responsibilities - LRRS) tron Phrògram Deagh Chleachdadh againn: Pròtacalan, obair-cùise, stiùireadh, seirbheis comhairle ùraichte, agus trèanadh gus taic a thoirt do bhuileachadh pragtaigeach de na prionnsapalan LRRS.	A' cumail taic ri dleastanasan a' Choimiseanair Tuathanachas Màil: A' brosnachadh deagh dhàimhean eadar uachdarain agus luchd-gabhail àiteachais tro Chòdan Cleachdaidh is Stiùiridh, obair-cùise, sgeama eadraiginn TFC, conaltradh le luchd-ùidh, agus comhairle poileasaidh.
Conaltradh agus Com-pàirteachadh Conaltradh fosgailte agus ruigsinneach leis a' phoball agus le luchd-ùidh. A' conaltradh agus a' com-pàirteachadh air ath-leasachadh fearainn le daoine air feadh na h-Alba.			
Leasachadh na Buidhne A' cumail taic ri shunnd luchd-obrach agus èifeachdas buidhne. A' dèanamh cinnteach gu bheil deagh riaghladh agus deagh riaghladh ionmhais ann.			

NA LÌBHRIGEAS SINN

Tha na h-earrannan gu h-ìosal a' mìneachadh na lìbhrigeas sinn ann an 2023-24 mu choinneamh nan gealltanasan sa Phrògram Obrach againn.

Gealltanasan a thaobh Prògram na h-Obrach	Gnìomhachd	Toraidhean ris a bheilear an dùil
<p>1. A' toirt seachad comhairle gus taic a thoirt do chruthachadh Bile Ath-leasachadh an Fhearainn, Bilean iomchaidh eile, agus prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Thoir fianais agus comhairle do Riaghaltas na h-Alba, dhan Phàrlamaid, agus do luchd-ùidh gus taic a chumail ri cruthachadh Bile Ath-leasachadh an Fhearainn, a bharrachd air Bilean Àiteachais, Togail Beartas Coimhearsnachd agus Chòraichean Daonna. 	<ul style="list-style-type: none"> • Comhairle agus fianais gus Bile Ath-leasachadh an Fhearainn fhiosrachadh tro phròiseas pàrlamaideach • Comhairle gus Bile Togail Beartas Coimhearsnachd fhiosrachadh (faic Tuathanachas Luchd-gabhail a thaobh: Comhairle air Bile an Àiteachais) • Fòram Comhairleachaidh Fearainn is Còraichean Daonna (<i>Land and Human Rights Advisory Forum - LAHRAF</i>) – coinneamhan/comhairle cunbhalach.
<p>2. A' neartachadh buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Lìbhrig Prògram Deagh Chleachdadh èifeachdach gus taic a thoirt do shealbhadairan-fearainn, manaidsèaran, agus coimhearsnachdan gus prìonnsapalan an LRRS a chur an gnìomh ann an cleachdadh air feadh Alba bhailtean agus dhùthchail. 	<ul style="list-style-type: none"> • Brosnaich seirbheis comhairle ùraichte gus taic a chumail ri buileachadh practaigeach LRRS agus freagair ceistean obair-cùise agus iarrtasan airson comhairle mu bhuileachadh LRRS • Cruthaich barrachd dhòighean-obrach a thaobh fèin-mheasadh LRRS, a' comharrachadh chothroman airson leudachadh ann an 2024-25 • Cuir ri ruigsinneachd agus ìre-cleachdaidh goireasan ionnsachaidh, innealan agus iùilean a tha air an cruthachadh taobh a-staigh na buidhne • Lìbhrig prògram trèanaidh CPD air LRRS do riochdairean fearainn • Obraich còmhla ri Coilltearachd na h-Alba agus roinn na coilltearachd gus dòighean-obrach a chruthachadh a thaobh conaltradh agus buannachd coimhearsnachd • Foillsich aithisg air obair-cùise agus air comhairle gus poileasaidh agus cleachdadh fhiosrachadh san àm ri teachd.
<p>3. A' toirt comhairle air poileasaidh agus cleachdadh gus taic a chumail ri iomadachd sealbh fearainn</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan lèirmheas air agus brosnach doighean pragtaigeach gus sealbhachadh agus riaghladh gabhaltasan-fearainn iomadachadh 	<ul style="list-style-type: none"> • Buidheann Stiùiridh Fearainn Coimhearsnachd air ath-stèidheachadh gus ceannardas a cho-òrdanachadh ann a bhith a' cur ri sealbh agus riaghladh fearainn coimhearsnachd • Foillseachaidhean comhairle is stiùiridh gus taic a thoirt dhan roinn gus seilbh agus riaghladh iomadachadh

		<ul style="list-style-type: none"> • Obraich còmhla ri luchd-seilbh fearainn gus taic a chumail ri, agus deuchainn a dhèanamh air, raon de dhòighean practaigeach gus riaghlaidh agus seilbh iomadachadh • Co-obrachadh le Oighreachd a' Chrùin Alba gus pileat a dhèanamh air iomairt Luathachadh Sealbhachd Coimhearsnachd gus cothrom a thoirt do choimhearsnachd fearann fhaighinn.
<p>4. A' toirt comhairle air poileasaidh agus cleachdadh a thaobh calpa nàdarra agus margaidh an fhearainn gus taic a chumail ri eadar-ghluasad cothromach</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cùm sùil air a' bhuidheann a bhios aig luach calpa nàdarra a' tha tighinn am bàrr ann am margaidh an fhearainn • Thoir seachad comhairle mu dhòighean cunntachail gus buannachd coimhearsnachd fhaighinn bho thasgadh agus luach calpa nàdarra. 	<ul style="list-style-type: none"> • Foillseachaidhean lèirsinn agus mion-sgrùdadh margaidhean fearainn dùthchail agus dòigh sgrùdaidh fad-ùine air aontachadh le com-pàirtichean • Comhairle air buannachd coimhearsnachd ann an tasgadh calpa nàdarra gus am frèam margaidh aig Riaghaltas na h-Alba fhiosrachadh • Brosnaich gabhail ri deagh chleachdadh ann a bhith a' libhrigeadh buannachd coimhearsnachd ann am pròiseactan calpa nàdarra le bhith a' toirt seachad taic, comhairle agus a' foillseachadh stiùireadh.
<p>5. A' toirt comhairle air poileasaidh agus cleachdadh gus taic a chumail ri leasachadh agus ath-nuadhachadh fearainn</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan lèirmheas air adhartas gus taic a chumail ri gluasad ann gus dèiligeadh ri fearann falamh agus trèigte • Cuir taic ri modhan-obrach nas èifeachdaiche a thaobh a bhith a' cruinneachadh fearainn airson taigheadas agus leasachadh. 	<ul style="list-style-type: none"> • Lèirmheas air gnìomhan a chaidh a ghabhail air a bhith a' libhrigeadh mholaidhean Buidheann Gnìomha Fearann Falamh is Trèigte • Coimhearsnachd cleachdaidh gus taic agus leasachadh a thoirt do mhodhan co-rèiteachaidh a thaobh co-chruinneachadh fearainn, a' cur ri plana libhrigidh NPF4 • Comhairle gus taic a chumail ri Plana Taigheadais Iomallach, Dùthchail is Eileanach agus pileatan àrdachadh-sluaigh dùthchail.
<p>6. Coimiseanair Tuathanachas Màil (Tenant Farming Commissioner - TFC)</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cùm taic ri deagh dhàimhean eadar uachdarain agus luchd-gabhail àiteachais • Cur an dreuchd reachdail de luchd-luachaidh a rèir reachdais Leigeil Seachad agus Sònrachaidh • Faigh comhairle iomchaidh dhan roinn air cùisean le mì-chinnt laghail tro s38 • Thoir comhairle do Riaghaltas na h-Alba gus taic a chumail ri cur an gnìomh Achd 	<ul style="list-style-type: none"> • Foillsich Còdan Cleachdaidh agus Stiùiridh TFC • Comhairle air rannsachaidhean obair-cùise agus cur an gnìomh Chòdan agus Stiùireadh • Cuir taic ri bhith a' cleachdadh eadar-mheadhanachadh tro sgeama TFC agus pannal eadraiginn • Lèirmheas air modhan-obrach agus stiùireadh Leigeil Seachad agus Sònrachaidh, lean air adhart leis a' phannal TFC de luchd-luachaidh agus cur an dreuchd luchd-luachaidh taobh a-staigh clàr-ama reachdail

	<p>2016 agus a thaobh na buaidh a bhios aig Bile an Àiteachais air roinn nan gabhaltasan.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dèan lèirmheas còig-bliadhna air co-dhùnaidhean agus molaidhean Lèirmheas 2018 a thaobh Obair Àidseantan • Com-pàirteachadh luchd-ùidh. 	<ul style="list-style-type: none"> • Comhairle a thaobh tacan àiteachais agus molaidhean buntainneach ann an Ahd an Àiteachais • Lèirmheas air molaidhean TFC 2018 a thaobh obair àidseantan • Coinneamhan cunbhalach de dh'Fhòram Comhairleachaidh Tuathanachas Luchd-gabhail (<i>Tenant Farming Advisory Forum</i> - TFAF).
7. Conaltradh agus Com-pàirteachadh	<ul style="list-style-type: none"> • Cuir ri mothachadh air obair a' Choimisein agus cruthaich cothroman do dhaoine gus am beachdan a thoirt seachad air cùisean co-cheangailte ri fearann gus ar smaointean agus ar dòigh-obrach fhiosrachadh • Cuir ri mothachadh air obair a' Choimisein am measg luchd-amais ùr, le fòcas sònraichte air a bhith a' stiùireadh conaltradh agus deasbad didseatach • Daingnich àite a' Choimisein mar ùghdarras air raon de chùisean fearainn a bharrachd air Bile Ath-leasachadh an Fhearainn, le fòcas soilleir air a' chlàr-gnothaich calpa nàdarra agus air cothromachadh-carboin. • Lìbhrigeadh co-labhairt a' Choimisein mar dhòigh gus tuigse àrdachadh air àite a' choimisein agus air an taic agus air an eòlas a tha e a' tabhann • Cùm taic ri sgioba-obrach èifeachdach aig a bheil cumhachd tro leasachadh agus lìbhrigeadh prògram conaltraidh seasmhach taobh a-staigh na buidhne. 	<ul style="list-style-type: none"> • Farsaingeachd de choinneamhan poblach, agus tachartasan èisteachd is deasbaid • Meudachadh air ìomhaigh agus postaichean air na meadhanan sòisealta, le cuideam air a bhith a' cruthachadh susbaint • Lèirmheas air cleachdadh brannd MyLand agus iomairtean gus a bhuidh a thuigsinn agus gus co-dhùnadh air cleachdadh san àm ri teachd • Iomairtean conaltraidh is com-pàirteachaidh sònraichte, a' gabhail a-steach dàimhean meadhanan, conaltradh le luchd-ùidh agus margaidheachd dhidseatach far a bheil sin iomchaidh • Riaghladh agus lìbhrigeadh thachartasan èifeachdach is in-ghabhalach airson na co-labhairt dà-bhliadhnail, a' gabhail a-steach molaidhean airson cuspairean deasbaid agus tachartasan san àm ri teachd • Lìbhrigeadh èifeachdach de mhìosachan conaltraidh a-staigh a tha cunbhalach, air a dhealbhadh gus taic a thoirt do dh'obair mheasgaichte agus co-roinneadh èifeachdach air soirbheasan, beachdan air ais agus ùrachaidhean bho luchd-riaghlaidh.
8. Leasachadh na Buidhne	<ul style="list-style-type: none"> • Program Leasachaidh na Buidhne (<i>Organisational Development Programme</i> - ODP) 	<ul style="list-style-type: none"> • Brosnachadh gus taic a chumail ri phròiseas fastadh poblach airson a bhith a' fastadh a' Chathraiche is a' bhùird

	<ul style="list-style-type: none"> • Plana Ro-innleachdail 2023-26 • Libhrig deagh riaghladh agus riaghladh ionmhais le taic bho chultar leasachaidh le bhith a' cur an gnìomh mholaidhean sgrùdaidh • Taic chorporra èifeachdach agus siostaman obrachaidh le ath-sgrùdadh agus leasachadh leantainneach a' gabhail a-steach fulangas gnìomhachais agus tèarainteachd shaidhbear • Com-pàirteachadh agus riochdachadh luchd-obrach • Libhrig lùghdachaidhean gach bliadhna ann an eimiseanan carboin a rèir Plana Gnìomh na Gnàth-shìde. 	<ul style="list-style-type: none"> • A' coileanadh an ODP agus a' cur an gnìomh prògram trèanaidh luchd-obrach ùr • Plana Ro-innleachdail 2023-26 air a chruthachadh le conaltradh a-staigh agus le luchd-ùidh • Stiùireadh ionmhais agus cunntasan bliadhnail • Prògraman sgrùdaidh èifeachdach air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh agus tracaair fhreagairtean • Ath-tairgse air solair IT agus HR • Dearbhadh air tèarainteachd shaidhbear agus ath-sgrùdadh cunbhalach • Suirbhidhean 'pulse' luchd-obrach cunbhalach • Stèidhich rèiteachaidhean com-pàirteachaidh luchd-obrach ath-sgrùdaichte ann an co-theacs aonta aithneachaidh aonaidhean ciùird • Aithisg air Plana Gnìomh Gnàth-shìde • A bhith an sàs ann an clàr-gnothaich ath-leasachadh bhuidhnean poblach Riaghaltas na h-Alba.
--	--	---

Sgrùdadh Coileanadh

Prìomh Chomharran Coileanadh		
Raon gnìomhachais	Prìomh chomharra coileanadh (Plana Ro-innleachdail)	Tomhas (2023-24)
Libhrigeadh	Chaidh 95% sa cheud de na toraidhean air an comharrachadh sa phlana gnothachais bhliadhnail a libhrigeadh thairis air an trì bliadhna.	Chaidh 95% sa cheud de na toraidhean air an comharrachadh sa phlana gnothachais bhliadhnail a libhrigeadh. Àireamh sa cheud de thoraidhean air an libhrigeadh is air an coileanadh mar a chaidh mineachadh anns a' phlana gnothachais bliadhnail.
Buaidh agus cliù	<p>Bidh measaidhean pròiseict a' comharrachadh buaidh agus atharrachadh san dòigh-obrach le luchd-ùidh mar thoradh dìreach air obair a' Choimisein.</p> <p>Àrdachadh 15% ro 2023 de luchd-ùidh a' comharrachadh leasachaidhean agus builean nas fheàrr anns a' bhuidhinn aca agus sa chleachdadh aca mar thoradh air raointean obrach a' Choimisein bho bhun-loidhne sgrùdadh bheachdan 2019.</p>	<p>Àrdachadh ann an freagairtean ri suirbhidhean measaidh pròiseict a' comharrachadh gu bheil luchd-fhreagairt an dùil na dh'ionnsaich iad tro thachartas/com-pàirteachadh a chur an gnìomh no gu bheil iad comasach air deagh bhuidh a chomharrachadh a dh'èirigh mar thoradh air an obair againn.</p> <p><i>An aire: Tha PCCan conaltraidh air an comharrachadh san ro-innleachd conaltraidh agus thèid aithris orra gach bliadhna.</i></p>
Sunnd agus sàsachd luchd-obrach	Àrdachadh de 15% ro 2023 de luchd-obrach a' faireachdainn gu bheil luach ga chur annta agus gu bheil iad gan aithneachadh airson an cuid obrach bho bhun-loidhne 2019 ann an sgrùdadh bliadhnail an luchd-obrach.	Àrdachadh ann an luchd-obrach a' faireachdainn gu bheil luach ga chur annta agus gu bheil iad gan aithneachadh airson an cuid obrach bho chuibheasachd suirbhidh 2022-23.
Ionmhas	Caiteachas an da-rìribh aig deireadh na bliadhna gu bhith taobh a-staigh ro-chosg de 2% den bhuidseat a chaidh a riarachadh ro 2023.	Caiteachas an da-rìribh aig deireadh na bliadhna gu bhith taobh a-staigh ro-chosg de 2% den bhuidseat a chaidh a riarachadh.

Buidseat Bliadhnail 2023-24

RIARACHADH BUIDSEIT IOMLAN		
	2023-24	2022-23
Teachd a-steach:	£'000	£'000
Tabhartas gus Cuideachadh	1,526	1,550
Caiteachas		
Cosgaisean nan Coimiseanairean	71	69
Cosgaisean Luchd-obrach	1,099	973
Seirbheisean Corporra	196	211
Conaltradh is Tachartasan	82	97
Cosgaisean prògraim is pròiseict	102	212
CAITEACHAS IOMLAN	1,550*	1,562

- A' gabhail a-steach ìre de thar-chlàradh